

Litir Chòraichean do dhaoine a tha air an cur an greim fo Achd na Ceannairceachd 2000

Tha an litir seo a' toirt dhut fiosrachadh cudromach mu na còraichean a th' agad fo lagh na h-Alba nuair a bhios tu an greim ann an stèisean a' phoilis. Tha an sgrìobhainn seo ag innse dhut mu na prìomh chòraichean a th' agad agus tu an greim. Chan e comhairle laghail a tha seo agus chan eil e ag innse dhut mu na còraichean uile agad. Bu chòir dhut comhairle laghail neo-eisimeileach a shireadh dhut fhèin.

Leugh am fiosrachadh seo cho luath 's a ghabhas. Cuidichidh e thu gus co-dhùnaidhean a dhèanamh fhad 's a bhios tu ann an stèisean a' phoilis. Iarr air a' phoileas mìneachadh a thoirt dhut air rud sam bith nach eil thu a' tuigsinn anns a' bhileig seo, no innse dhaibh ma tha thu ag iarraidh tionndadh 'easy-read' no eadar-theangachadh.

Cuimhnich air na còraichean agad:

- Tha a' chòir agad fios a bhith agad carson a tha am poileas gad chumail an greim.
- Tha a' chòir agad gun tèid innse do neach-lagha gu bheil thu aig stèisean a' phoilis. Tha seo an-asgaidh.
- Tha a' chòir agad gun tèid innse do chuideigin eile aig a bheil ùidh san leas agad gu bheil thu aig stèisean a' phoilis. Mar eisimpleir, is dòcha gur e ball den teaghlach, neach-cùraim no caraid a bhios ann.
- Tha a' chòir agad gun dad a ràdh. Chan fheum thu ceist sam bith a chuireas am poileas ort a fhreagairt. ACH feumaidh tu d'ainm, do sheòladh, do latha-breith is àite breith agus do nàiseantachd innse dhaibh.
- Tha a' chòir agad bruidhinn ri neach-lagha gu prìobhaideach gun dàil mus cuir am poileas ceistean ort. Faodaidh tu cuideachd bruidhinn ri neach-lagha uair sam bith nuair a tha am poileas a' cur cheistean ort.
- Ma tha thu fo aois 16, no fo aois 18 agus fo òrdugh aireachais riatanach, tha a' chòir agad cuideachd gun tig do phàrant no do neach-glèidhidh a chèilidh ort aig stèisean a' phoilis.
- Tha a' chòir agad air taic mheadaigeach èiginneach.
- Tha còir agad gearan a dhèanamh mun dòigh anns an deach do làimhseachadh leis a' phoileas.

Do chòraichean

Thoir an aire: Ann an suidheachaidhean air leth, tha a' chòir aig a' phoileas dàil a chur air a' chothrom agad air cuid de na còraichean seo, no an cumail air ais bhut. Mar eisimpleir, ma tha am poileas den bheachd gum feum iad bruidhinn riut gus dèanamh cinnteach nach tèid cuideigin eile a ghoirteachadh. **Chan eil seo a' gabhail a-steach a' chòir agad gun a bhith ag ràdh dad.**

1. Fiosrachadh airson daoine air an cumail an greim a' phoilis

- **Fios a bhith agad carson a chaidh do chur an greim agus a chumail ann an stèisean a' phoilis**

Feumaidh na poilis fiosrachadh a thoirt dhut gus an tuig thu carson a chaidh do chur an greim agus carson a tha thu fo amharas a bhith an sàs ann an cur air dòigh, ullachadh no brosnachadh ceannairc.

Aig stèisean a' phoilis, feumaidh na poileis innse dhut carson a tha iad den bheachd gum feum thu a bhith air do chumail an greim.

Mus tèid ceist sam bith fhaighneachd dhìot mun amharas gu bheil thu an sàs ann an ceannairc, feumaidh na poileis fiosrachadh gu leòr a thoirt dhut fhèin no dhan neach-lagha agad mu na tha iad a' smaoinachadh a rinn thu gus an urrainn dhut thu fhèin a dhìon ach gun a bhith a' dèanamh cron air rannsachadh a' phoileis.

- **A' chòir gun dad a ràdh**

Chan fheum thu ceist sam bith a chuireas am poileas ort a fhreagairt mun rud a tha iad a' smaoinachadh a rinn thu.

Thèid rud sam bith a chanas tu a sgrìobhadh sìos no a chlàradh agus dh'fhaodte gun tèid a chleachdadh mar fhianais ann an cùirt lagha mas e is gun tèid a' chùis agad dhan chùirt.

Feumaidh tu d' ainm is seòladh, do latha-breith, àite breith is nàiseantachd innse dhan poileas nuair a dh'iarraas iad am fiosrachadh seo.

- **Ag innse do Neach-lagha gu bheil thu ann an stèisean a' phoilis**

Faodaidh tu iarraidh air a' phoileas innse do neach-lagha gu bheil thu aig stèisean a' phoilis. Dh'fhaodte gur e do neach-lagha fhèin a bhios ann, no mur eil thu eòlach air neach-lagha, an neach-lagha a tha na fhuireachas (*on-call*). Nì am poileas cinnteach gun tèid fios a chur gu neach-lagha cho luath 's a ghabhas. Tha seo an-asgaidh.

Ag innse do chuideigin eile aig a bheil ùidh san leas agad gu bheil thu aig stèisean a' phoilis.

Faodaidh tu iarraidh air a' phoileas innse do chuideigin gu bheil thu aig stèisean a' phoilis. Dh'fhaodte gur e ball den teaghlach a bhios ann, no do chompanach, do neach-cùraim, do charaid no cuideigin eile air a bheil thu eòlach. Cuiridh iad fios dhaibh cho luath is as urrainn dhaibh.

Ma tha thu fo aois 16 (no fo aois 18 agus fo òrdugh aireachais riatanach)

- Feumaidh am poileas innse dhan phàrant no neach-glèidhidh agad gu bheil thu aig stèisean a' phoilis.
- Faodaidh do phàrant no neach-glèidhidh a thighinn gus taic a thoirt dhut ann an stèisean a' phoilis.

- **A' faighinn neach-mìneachaidh gus do chuideachadh**

Mur eil comas labhairt agad sa Bheurla, no mur eil thu a' tuigsinn na Beurla, cuiridh am poileas cuideigin aig a bheil do chànan (neach-mìneachaidh) air dòigh gus do chuideachadh. Tha seo an-asgaidh. Tha e cudromach gun tuig thu na thathar ag ràdh ann an stèisean a' phoilis.

Ma tha thu bodhar no ma tha trioblaidean agad le bhith a' dèanamh conaltradh gu soilleir, cuiridh am poileas cuideigin air dòigh gus do chuideachadh. Dh'fhaodte gur e neach-mìneachaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn no proifeiseantach eile a bhiodh ann. Tha seo an-asgaidh.

- **Mur eil thu nad Bhreatannach**

Mur eil thu nad Bhreatannach, faodaidh tu iarraidh air a' phoileas fios a chur dhan Àrd-choimisean, Ambasaid no Consalachd, gus innse dhaibh far a bheil thu agus carson a tha thu ann an stèisean a' phoilis. Faodaidh iad cuideachd tadhal ort gu prìobhaideach agus neach-lagha a chur air dòigh gus d' fhaicinn.

- **Dè thachras ma chuirear casaid ort?**

Mas e is gun tèid casaid eucoir a chur ort, dh'fhaodte gun tèid do leigeil mu sgaoil, no dh'fhaodte gun tèid do chumail ann an stèisean a' phoilis agus gun tèid do thoirt dhan chùirt air an ath latha obrach. No dh'fhaodte gun tèid do leigeil mu sgaoil mas e is gun aontaich thu gun tèid thu dhan chùirt air latha sònraichte.

- **Cothrom air sgrìobhainnean**

Thèid nòta den fhianais sa chùis a thoirt dhut no dhan neach-lagha agad ma thèid a' chùis agad a thoirt dhan chùirt. Bheir seo cothrom dhan neach-lagha ullachadh gus do dhìon.

Tha a' chòir agad eadar-theangachadh fhaighinn den fhiosrachadh iomchaidh mur eil thu a' tuigsinn na Beurla.

- **Cothrom air taic mheidigeach**

Cuiridh am poileas ceistean ort mu do shlàinte is sunnd. Tha e cudromach innse do na poilis ma tha suidheachadh meidigeach ort no ma tha thu a' gabhail cungaidh-leigheis. Tha e cudromach cuideachd innse do na poilis ma tha trioblaidean agad le drogaichean no deoch làidir no ma tha thu a' smaoinachadh air cron a dhèanamh ort fhèin.

Dh'fhaodte gun iarr am poileas air dotair sgrùdadh meadaigeach a dhèanamh ort. Nithear seo gus dèanamh cinnteach gun tèid coimhead às do dhèidh mar as còir nuair a bhios tu an greim. Ma tha thu den bheachd gum feum thu dotair fhaicinn, innis dhan phoileas.

Mas e is gum fàs thu tinn, tha còir agad air taic mheidigeach.

- **Biadh is deoch**

Thèid uisge a thoirt dhut ma dh'iarras tu seo. Thèid biadh a thairgse dhut ma tha thu an greim airson barrachd air ceithir uairean a thìde. Ma tha feumalachdan sònraichte agad a thaobh biadh no creideimh, leig fios dhan phoileas cho luath 's a ghabhas.

- **A' dèanamh gearan**

Ma tha thu airson gearan a dhèanamh nuair a tha thu ann an greim, bruidhinn ri Inspector no cuideigin aig ìre nas àirde. Ma tha thu airson gearan a thogail às dèidh dhut a bhith air do shaoradh, faodaidh tu a dhol gu stèisean poilis sam bith no fòn a chur gu 101. Faodaidh tu

cuideachd iarraidh air cuideigin gearan a dhèanamh às do leth, cho fad 's a tha thu air do chead sgrìobhte a thoirt dhaibh. Dh'fhaodte gur e pàrant, caraid, companach no cuideigin anns a bheil thu a' cur earbsa a bhios ann.

Ma chaidh do ghoirteachadh no do leòn le oifigear poileis nuair a chaidh do chur an greim no nuair a bha thu fo ghreim a' phoilis bu chòir dhut gearan a dhèanamh gu Roinn Inbhean Proifeasanta Poileas Alba.

Ma tha feum agad air taic a bharrachd (thoir an aire, seo fiosrachadh mu sheirbheis a-mhàin agus chan e còir a th' ann):

Dh'fhaodte gum bi feum agad air taic gus tuigsinn na tha a' dol nuair a bhios tu ann an stèisean a' phoilis. Is urrainn do neach-taic air a bheil Inbheach lomchaidh an taic seo a thoirt seachad. Dh'fhaodte gum bi feum agad air seo ma tha tinneas inntinn no ciorram ionnsachaidh ort. Bruidhinn ris a' phoileas ma tha thu den bheachd gu bheil thu feumach air an taic seo.

Ma tha am poileas den bheachd gu bheil thu feumach air taic bho Inbheach lomchaidh, iarraidh iad air Inbheach lomchaidh tighinn, fiù 's mur a dh'iarr thu fhèin seo.

2. Fiosrachadh airson daoine a tha gu bhith air an ceisneachadh leis a' phoileas.

- **A' faighinn Neach-lagha gus do chuideachadh**

Can ris a' phoileas gu bheil thu ag iarraidh bruidhinn ri neach-lagha. Cuiridh am poileas fios gu neach-lagha cho luath 's a ghabhas.

'S e dleastanas an neach-lagha do chòraichean a dhìon agus gus comhairle a thoirt dhut mun lagh.

Faodaidh tu fios a chur gu neach-lagha air a bheil thu eòlach no dhan neach-lagha na fhuaireachas (*on-call*). Tha an neach-lagha neo-eisimeileach agus chan eil i/e ag obair dhan poileas.

Innsidh an neach-lagha dhut an urrainn dhaibh comhairle a thoirt dhut an-asgaidh no am bi agad ri pàigheadh airson na comhairle. Ma tha agad ri pàigheadh, mìnichidh iad dhut na chosgais e agus mar as urrainn dhut pàigheadh air a shon. Cha phàigh am poileas airson an neach-lagha agad agus cha bhruidhinn iad mu mar a thèid do neach-lagha a phàigheadh.

Tha cead agad còmhraidh prìobhaideach a bhith agad le neach-lagha mus cuir na poileis ceistean ort ach a-mhàin ma dh'fheumar air ceistean fhaighneachd dhìot mar chùis èiginn, no airson adhbharan sàbhailteachd.

Faodaidh tu do bheachd atharrachadh mu bhith a' bruidhinn ri neach-lagha uair sam bith. Innis dhan poileas cho luath 's a ghabhas agus cuiridh iad fios gu neach-lagha dhut.

Mur a tig an neach-lagha gu stèisean a' phoilis aig an àm a gheall iad, no ma dh'fheumas tu bruidhinn ris an neach-lagha a-rithist, iarr air a' phoileas fios a chur chun an neach-lagha a-rithist.

Tha còir agad an neach-lagha a bhith san t-seòmar còmhla riut nuair a bhios na poilis a' cur cheistean ort ach a-mhàin ma dh'fheumar ceistean èiginneach a chur ort mus tig an neach-lagha agad, air adhbharan sàbhailteachd.

- **Dè cho fad 's urrainn dhut a bhith air do chumail an greim airson ceisneachadh?**

Is urrainn dhan phoileas do chumail an greim airson ceisneachadh airson suas ri 48 uairean a thède gun a bhith a' togail casaid nad aghaidh. Bho àm gu àm, feumaidh oifigear poilis aig àrd ìre sùil a thoirt air a' chùis agad gus co-dhùnadh am bu chòir dhut a bhith air do chumail an greim tuilleadh. 'S e ath-sgrùdadh a chanar ri seo. Chan fhaodar do chumail an greim nas fhaide na 48 uairean a thède ach a-mhàin ma thèid seo aontachadh le cùirt. 'S urrainn dhan chùirt an t-àm a bhios tu an greim gun chasaid a shìneadh gu suas ri 14 latha bho chaidh do chur an greim. Anns an t-suidheachadh seo, feumar na rudan a leanas a thoirt dhut:

- Sgrìobhainn sgrìobhte a' mìneachadh gun deach iarrtas a dhèanamh gus an t-àm agad an greim a leudachadh;
- Fios mu cuine a chaidh an t-iarrtas a dhèanamh;
- Fios mu cuine a thèid an èisteachd a chumail sa chùirt; agus
- An t-adhbhar (no na h-adhbharan) a thathar ag iarraidh do chumail an greim nas fhaide.

Feumar fios a thoirt dhut (agus dhan riochdaire laghail agad) gach turas a thèid iarrtas a dhèanamh gus do chumail an greim nas fhaide.

Tha a' chòir agad agus aig an neach-lagha agad na beachdan agaibh a thoirt seachad mun cho-dhùnadh seo, ach a-mhàin mur eil thu ann an staid iomchaidh. Faodaidh neach-lagha comhairle a thoirt dhut mu dheidhinn seo.

- **Luchd-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim**

Is iadsan buill den choimhearsnachd aig a bheil cead a dhol a-steach gu stèiseanan poilis. 'S e Luchd-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim a chanar riutha agus tha iad ag obair air stèidh shaor-thoileach gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coimhead às dèidh daoine a tha an greim gu math agus gu bheil cothrom aca air na còraichean aca.

Chan eil còir agad Neach-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim fhaicinn no a bhith ag iarraidh orra tadhal ort ach dh'fhaodte gun iarr neach-tadhail d' fhaicinn. Mas e is gun tadhail Neach-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim ort nuair a tha thu an greim, bidh iad neo-eisimeileach bhon phoileas agus iad ann gus dèanamh cinnteach gun deach do leas agus do chòraichean a dhìon. Tha e an urra riut fhèin a bheil thu airson bruidhinn riutha gus nach eil.